

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



**27/10/2011**

**\*Please scroll down for English Version\***

## Airson a sgaoileadh sa bhad

### **Bòrd na Gàidhlig a' moladh a' cho-dhùnaidh a thaobh Sgoil Ghàidhlig ùr fhosgladh ann an Dun Èideann**

Tha Bòrd na Gàidhlig an-diugh a' moladh a' cho-dhùnaidh le Comhairle Baile Dhùn Èideann gus sgoil ainmichte tro mheadhan na Gàidhlig fhosgladh ann am Bonnington an Dùn Èideann sa bhliadhna 2013.

A' cur fàilte air a' cho-dhùnad, thuirt Art MacCarmaig, Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig: "Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth le Comann nam Pàrant Dhùn Èideann agus tha mi a' moladh an oidhirpean ionmholta ann an cur ìmpidh air Comhairle Baile Dhùn Èideann gur e sgoil Ghàidhlig an roghainn as fheàrr airson foghlam Ghàidhlig sa phrìomh bhaile san àm ri teachd. Tha iad air a bhith ag obair gu dlùth le Buill na Còmhairle, agus tha a' mhòr-chuid dhiubh air a bhith glè fhosgailte do na puingean a chaidh a chur fa an comhair, agus seo buil obair mhòr leis na pàrantan."

"Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith gu cunbalach a' cur taic ri pàrantan chloinne ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns an iomairt airson sgoil ainmichte Ghàidhlig a chur air bhonn. A thuilleadh air gu bheil deòin nam pàrantan cudromach ann am foghlam, tha sinn a' creidsinn gu bheil sgoiltean Ghàidhlig deatamach airson àireamhan nan sgoilearan ann am foghlam Ghàidhlig a mheudachadh agus ann an tairgsinn chothroman leasaichte do sgoilearan a dh'ionnsaigh fileantachd sa chànan. Tha an dà sgoil a tha stèidhichte cheana – ann an Glaschu agus Inbhir Nis – air a bhith air leth soirbheachail agus tha sinn misneachail gum bi Bonnington soirbheachail cuideachd."

Chur Ceannard Bòrd na Gàidhlig, Iain Aonghais MacAoidh ris an-sin: "Bidh ar sgioba aig Bòrd na Gàidhlig a' tairgsinn don Chomhairle agus don choimhearsnachd fharsaing ann an Dùn Èideann, ar làn taic ann am planadh agus ann am faotainn fàs seasmhach aig gach ire de fhoghlam Ghàidhlig sa bhaile. Choinnich sinn o chionn ghoirid le pàrantan agus riochdairean coimhearsnachd aig coinneamh phoblach ann an Dùn Èideann, mar phàirt den cho-chomhairleachadh air an ath Phlana Càinain Nàiseanta Ghàidhlig, agus chaidh a dhèanamh glè shoilleir dhuinn an taic mhòr a tha an làthair airson sgoil Ghàidhlig ainmichte sa bhaile. Bidh sinn ag obair glè dhlùth leis gach neach a tha na lùib gus modh-obrach cho-òrdanaichte a

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



choileanadh a bhios a' coinneachadh an iarrtais a tha a' sìor fhàs airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Dùn Èideann."

**Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu:**

**Steven MacÌomhair, Oifigear Conaltraidh is Cùisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.**

**Post-d: steven@gaidhlig.org.uk Fòn-làimhe: 07557 481 081**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



**27/10/2011**

## For immediate use

### **Bòrd na Gàidhlig applauds decision to open new Gaelic School in Edinburgh**

Bòrd na Gàidhlig has applauded today's decision by the City of Edinburgh Council to open a dedicated Gaelic-medium school in Bonnington in Edinburgh in 2013.

Welcoming the decision, Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Arthur Cormack said: "I have worked very closely with Comann nam Pàrant Dùn Èideann and I commend their considerable efforts in persuading the City of Edinburgh Council that a Gaelic school is the best option for the future of Gaelic education in Scotland's capital city. They have worked very closely with Council Members, most of whom have been very open to the points made, and this is the result of a tremendous amount of hard work on the part of parents."

"Bòrd na Gàidhlig has consistently supported the parents of Gaelic medium pupils in their campaign for a standalone Gaelic school. Bòrd na Gàidhlig believes Gaelic schools are essential to growing the numbers of pupils in Gaelic education, offering additional opportunities to use the language in the whole school enhancing their fluency in Gaelic. The two Gaelic schools already established - in Glasgow and Inverness - have been extremely successful and we are confident that Bonnington will be a huge success also."

Bòrd na Gàidhlig Ceannard (Chief Executive), John Angus MacKay added: "Our team at Bòrd na Gàidhlig will offer the Council, and the wider community in Edinburgh, our full support in planning for and securing sustained growth in all stages of Gaelic education in the city. We recently met with parents and community representatives at a public meeting in Edinburgh as part of the consultation on the next National Gaelic Language Plan, and it was made very clear to us the extent of support that exists for a dedicated Gaelic school in the city. We will work very closely with all concerned to support a co-ordinated approach to meet the soaring demand for Gaelic-medium education in Edinburgh."

#### **For further information, please contact:**

**Steven MacIver, Communications and Corporate Affairs Officer at Bòrd na Gàidhlig.**

**E-Mail: [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk)   Mobile: 07557 481 081**